



Teisteanais
Nàiseanta
2024

X832/77/12

Àrd-Ìre Adhartach

DICIADAIN, 29 CÈITEAN

11:00 M – 12:40 F

**Gàidhlig
Litreachas agus Sgrìobhadh**
Gàidhlig Literature and Writing

Comharran gu lèir — 40

ROINN 1 — LITREACHAS — 20 comharra

Feuch AON cheist.

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharra

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 7 1 2 *

ROINN 1 — LITREACHAS — 20 comharran

Freagair AON de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

Bàrdachd

1. 'S tric a bhios bàird a' sgrìobhadh mu shuidheachaidhean sònraichte. Airson co-dhiù aon phìos bàrdachd den t-seòrsa seo seall dè cho soirbheachail 's a tha bàrd no bàird ann a bhith a' cruthachadh dealbh den t-suidheachadh sin.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, cuspair, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, riochd, comhardadh . . .

20

Bàrdachd

2. 'Bidh deagh bhàrdachd a' bruidhinn ris a' chridhe.'

Airson dà phìos bàrdachd seall gu mionaideach mar a thug iad buaidh ort ann an dòighean a bha coltach agus eadar-dhealaichte bho chèile.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, cuspair, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, riochd, comhardadh . . .

20

Nobhail

3. 'S e strì ann am beatha characteran a chumas ùidh aig leughadair ann an nobhail.'

Airson nobhail a leugh thu seall gu mionaideach mar a bha strì cudromach ann a bhith a' toirt buaidh air plota na sgeulachd agus airson d' aire a ghlacadh agus a chumail.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, suidheachadh, cuspair, taghadh-facail, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Sgeulachd ghoirid

4. 'Chaidh mòran de na sgeulachdan as fheàrr a th' againn sa Ghàidhlig a chruthachadh, chan ann sa chiad àite airson stòiridh innse, ach airson teachdaireachd a ghiùlan.'

Tagh sgeulachd ghoirid mu bheil seo fìor agus seall gu mionaideach mar a chaidh an teachdaireachd a thoirt am follais.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: plota, caractaran, suidheachadh, cuspair, taghadh-facail, structar, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Sgeulachd ghoirid

5. Tagh dà sgeulachd ghoirid a tha coltach a thaobh cuspair ach a tha cuideachd gu math eadar-dhealaichte ann an dòighean eile.

Dèan coimeas eadar mar a dhèilig an dà sgeulachd ris a' chuspair agus cho soirbheachail 's a bha iad ann a bhith a' toirt buaidh ort mar leughadair.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, caractar, suidheachadh, taghadh-facail, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Dràma

6. 'S iad an dachaigh agus na daoine a bhuineas dhi a tha aig cridhe dràma Gàidhlig.'

Tagh dealbh-chluich no prògram dràma no film mu bheil seo fìor. Seall gu mionaideach mar a chaidh sgilean teicnigeach a chur gu feum gus an dà rud seo a chur aig cridhe na sgeòil is mar a thug iad buaidh ort mar neach-coimhead.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: cuspair, teachdaireachd, prìomh sheallaidhean, cleasachd, àirde, labhairt, taghadh-facail, caractar . . . no mar a chaidh innleachdan-film/na h-àrd-ùrlair a chleachdadh (leithid fuaim, ceòl, solais, camara . . .)

20

Rosg Neo-fhicsean

7. 'S e a th' ann an deagh rosg neo-fhicsean ach sgeulachd cuideigin a dh'fheumas a bhith air innse dhan mhòr-shluagh.'

Airson pìos neo-fhicsean seall gu mionaideach mar a thug an sgrìobhadair an suidheachadh aige/aice fhèin beò agus mar a dh'ionnsaich thu bho na dh'fhiosraich e/i fhèin.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: fiosrachadh, beachdan, sealladh, stoidhle, cànan, structar . . .

20

Diofar theacsaichean

8. Tagh dà sheòrsa teacsa eadar-dhealaichte (mar eisimpleir sgeulachd ghoirid agus bàrdachd) a tha stèidhichte air an aon shuidheachadh, aon chuspair no eachdraidh.

Seall gu mionaideach mar a thug na teacsaichean tuigse nas fheàrr dhut air an rud shònraichte a tha gan ceangal.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, caractar, àite, taghadh-facail, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

[Tionndaidhaibh airson an ath cheist

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharran

Feuch AON cheist.

Cuimhnich gu bheil cothrom agad na tiotalan a leanas a chleachdadh ann an dòigh sam bith. Dh'fhaodadh an aiste a bhith, mar eisimpleir: mac-meanmnaid, fiosrachail, beachdail, pearsanta no eile.

9. Cothromachd.
10. Air mo mhealladh.
11. ‘S e dùthaich mhì-fhallain dha-rìribh a th’ ann an Alba.’
12. Briseadh-dùil.
13. Beò ann an àm eile.
14. ‘Chan eil dad cho neònach ri daoine.’
15. An iuchair.
16. ‘Blàthachadh na cruinne, fìrinn no ficsean?’

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]